

# Bodach an t-Silein Eòrna

Dealbh-chluich ghoirid stèidhte air Sgeulachd à Gàidhealtachd na h-Alba.

## Caractaran

Sgeulaiche

Bodach (Bodach an t-Silein Eòrna)

Duine #1

Duine #2

Duine #3

Athair na h-ìghne

Nighean

Bràthair 1 na h-ìghne

Bràthair 2 na h-ìghne



## Props

Silean Eòrna

Poca

Cearc

Bò

(Tha cothrom aig an tidsear props eadar-dhealaichte a thoirt a-steach an àite an fheadhainn bhon sgeulachd fhèin gus dreach a chur air a dhèanadh ceangal ri cur-seachadan no dòigh-beatha an latha an-diugh)

## Dreach-stèidse

Taigh 1

Taigh 2

Taigh 3

Rathad

Crois-rathaid

Craobh

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **SEALLADH 1 – ACHADH**

<b>Sgeulaiche</b>	Bha siud ann reimhidh bodach nach robh idir beairteach, ach a bha seòlta.
<b>Bodach</b>	<p>(<i>BODACH a' coiseachd gu aghaidh an àrd-ùrlair</i>)</p> <p>Ceart ma-thà. Tha mise a' dol a dh'iarraidh an fhortain.</p> <p>(<i>a' coiseachd timcheall an àrd-ùrlair gus am faic e sìlean eòrna aig aon cheann den stèidse</i>)</p>
<b>Sgeulaiche</b>	Cha robh e air a dhol fad sam bith nuair a chunnaic e sìlean eòrna san fheur ri taobh an rathaid.
<b>Bodach</b>	A ha! ( <i>ga shealltainn don luchd-amhairc</i> ) Dè th' agam an seo ach sìlean eòrna? Seo fortan dhomh.  Chan eil an seo ach toiseach tòiseachaidh ge-tà. <p>(<i>Coisichidh AM BODACH air falbh leis an t-sìlean eòrna air a dhruim.</i>)</p>
<b>Sgeulaiche</b>	Thog am bodach an sìlean eòrna agus dh'fhalbh e sìos an rathad. An ceann greis 's ann a ràinig e taigh ri taobh an rathaid.

---

## **SEALLADH 2 – TAIGH 1**

*(aig taigh 1  
BODACH a' nochdadhbh aig taigh)*

<b>Bodach</b>	Saoil a bheil duine a' fuireach anns an taigh seo? ( <i>Tha e a' dol suas chun an dorais agus a' gnogadh air.</i> )
<b>Duine 1</b>	Madainn mhath. Cò th' agam an seo?

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Bodach</b>	Mise? Canaидh cuid nach eil annam ach bodach...
<b>Duine 1</b>	'S e bodach a th' annaibh ceart gu leòr.
<b>Bodach</b>	Ach chan e dìreach bodach a th' annam. 'S e th' annam ach am bodach as beairtiche air an t-saoghal.
<b>Duine 1</b>	Seadh, gu dearbh chan eil an coltas sin oirbh, ach thigibh a-steach co-dhiù. Dè nì mi dhuibh, a dhuine?
<b>Bodach</b>	Saoil, an cùm sibh an sìlean eòrna seo dhomh gus an till mi an ceann bliadhna? Chan eil an còrr agam air an t-saoghal.
<b>Duine 1</b>	Bliadhna? 'S e ùine mhòr a tha sin.
<b>Bodach</b>	An cùm sibh e ma-thà?
<b>Duine 1</b>	Cumaidh. Tha fhios gun cùm. <i>(Seall don luchd-èisteachd gu bheil bliadhna a' dol seachad le mìosachan no cloc.)</i>

### **SEALLADH 3 – BODACH A' TILLEADH GU TAIGH 1**

<b>Bodach</b>	(gnog gnog)
	Madainn mhath. Tha mi air tilleadh a dh'iarraidh an t-silein eòrna a dh'fhàg mi agaibh o chionn bliadhna.
<b>Duine 1</b>	Obh obh, is sibhse am bodach a thàinig an seo an-uiridh. Tha mi cianail fhèin duilich, ach nach do dh'ith a' chearc againn e!

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Bodach</b>	Ma dh'ith, 's ann a bheir mise leam a' chearc. A' chearc a dh'ith an silean eòrna, an aon rud a bh' agam air an t-saoghal.
<b>Sgeulaiche</b>	Ghabh an duine truas ris nuair a chuala e sin agus mar sin thug e dha a' chearc.
<b>Duine 1</b>	Tha fhios gun robh e prìseil. ( <i>a' gabhail truas ris</i> ) Siuthadaibh, faodaidh sibh a' chearc againn a thoirt leibh.
<b>Sgeulaiche</b>	'S mar sin dh'fhalbh am bodach agus thug e leis a' chearc fo achlais. Chaidh e pìos sìos an rathad gus an do ràinig e taigh eile. (Tha AM BODACH a' falbh leis a' chirc fo achlais 's a' coiseachd sìos an rathad leatha.)

## SEALLADH 3 – TAIGH 2

<b>Bodach</b>	Madainn mhath. Saoil an cùm sibh a' chearc seo dhomh gus an till mi an ceann bliadhna? Chan eil an còrr agam air an t-saoghal.
<b>Duine 2</b>	Carson a chumainn a' chearc dhuibh 's càit an cùm mi i?
<b>Bodach</b>	Siuthadaibh, tha mi a' guidhe oirbh. 'S e cearc laghach a th' innte agus gheibh sibh dà ugh bhuaipe a h-uile madainn.
<b>Duine 2</b>	Chan eil fhios dè chanas mo bhean nuair a thilleas i dhachaigh, ach ceart ma-thà, cumaidh. Tha fhios gun cùm.
<b>Bodach</b>	Glè mhath agus mìle taing. Feumaidh mise togail orm.

**Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Duine 2**

Ceart ma-thà, math ur faicinn. Beannachd leibh... Dè 'n t-ainm a bh' air a' bhodachan neònach ud?

**Sgeulaiche**

Dh'fhalbh am bodach agus chaidh e dhachaigh agus an ceann bliadhna thill e chun an taighe.

*(Seall don luchd-èisteachd gu bheil bliadhna a' dol seachad le mìosachan no cloc.)*

---

## SEALLADH 4 - BLIADHNA A' DOL SEACHAD AGUS AM BODACH A' TILLEADH GU TAIGH 2

**Bodach**

*(gnog gnog)*

**Duine 2**

*(a' toirt greis ga aithneachadh)* Dè nì mi dhuibh?

**Bodach**

Tha mi air tilleadh a dh'iarraidh na circe a dh'fhàg mi agaibh o chionn bliadhna.

**Duine 2**

A' chearc? Dè a' chearc?

**Bodach**

Nach eil cuimhn' agaibh? Thàinig mi seo bho chionn bliadhna agus thuirt sibh gun cumadh sibh mo chearc dhomh. Càit a bheil i?

**Duine 2**

Ò, a' chearc sin... obh, obh. Nach do sheas a' bhò againn oirre!

**Bodach**

Sheas a' bhò oirre! Ma sheas, 's ann a bheir mise leam a' bhò. Càit a bheil sibh ga cumail?

---

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Duine 2</b>	Haoi! Càit a sibh a' dol? Chan eil sibh a' dol faisg air a' bhoin againn.
<b>Bodach</b>	Smaoinich, a' bhò a mharbh a' chearc, an aon rud a bh' agam air an t-saoghal.
<b>Sgeulaiche</b>	Ghabh an duine truas ris nuair a chuala e sin.
<b>Duine 2</b>	( <i>DUINE a' gabhail truas ris</i> ) Tha mi uabhasach fhèin duilich. Siuthadaibh, gabhaibh i.
<b>Sgeulaiche</b>	Dh'fhalbh am bodach mar sin agus thug e leis a' bhò air taod. Chaidh e pìos sìos an rathad gus an do ràinig e taigh eile. Ghnog e air an doras. <i>(Tha AM BODACH a' falbh leis a' bhoin air taod gus an nochd e aig an treas taigh far a bheil e gnogadh air an doras.)</i>
<b>Duine 3</b>	Chan eil mi feumach air bainne an-diugh, tapadh leibh. ( <i>doras a' dùnadh</i> )
<b>Bodach</b>	( <i>gnog gnog</i> ) Chan e bainne a tha mi a' reic ann. Saoil an cùm sibh a' bhò seo gus an till mi an ceann bliadhna?
<b>Duine 3</b>	Bò! Càit an cumainn-sa bò? Nach fhaca sibh cho beag 's a tha an taigh seo?
<b>Bodach</b>	Ach chan eil an còrr agam air an t-saoghal.
<b>Duine 3</b>	Cumaidh ma tha. Tha fhios gun cùm.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Sgeulaiche**

Dh'fhalbh am bodach agus chaidh e dhachaigh agus an ceann bliadhna thill e chun an taighe.

(*Seall don luchd-èisteachd gu bheil bliadhna a' dol seachad le miòsachan no cloc.*

*Tha AM BODACH a' gabhail cuairt timcheall an àrd-urlair agus a' tilleadh chun an treas taigh an ceann bliadhna.)*

(gnog gnog)

## **Duine 3**

Madainn mhath. Ò sibh fhèin a th' ann.

## **Bodach**

Tha mi air tilleadh a dh'iarraidh na bà a dh'fhàg mi agaibh o chionn bliadhna.

## **Duine 3**

Obh, obh. Tha naidheachd dhuilich agam dhuibh.

Nach deach a bàthadh nuair a thug an nighean as sine againn sìos chun na loch i!

## **Bodach**

Ma chaidh, 's ann a bheir mise leam an nighean. An nighean a bhàth a' bhò, an aon rud a bh' agam air an t-saoghal.

## **Sgeulaiche**

Ged a ghabh an duine truas ris nuair a chuala e sin, cha robh e ro dheònach an nighean a bu shine aige a thoirt dha.

## **Duine 3**

(a' gabhail truas ris) Tha fhios gur e call mòr a bh' ann ach cha b' e a coire-se a bh' ann...

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

**Sgeulaiche** Cha tuirt iad guth an toiseach, ach nuair a dh'fhalbh am bodach leis an nighinn, 's ann a lean a h-athair agus a bràithrean iad sìos an rathad.

**Bodach** (*Às dèidh don NIGHINN nochdadhbh tha e a' faighinn grèim oirre agus a' teicheadhbh leatha.*)  
Tha thusa a' tighinn còmhla riumsa.

**Nighean** Aaaah, leig às mi! Leig às mi! Athair! Cuidichibh mi!

(*Tha AM BODACH agus AN NIGHEAN a' dol far na stèidse.*)

**Athair** Haoil! Càit a bheil thu a' dol le mo nighinn?  
(*ATHAIR agus BRÀITHREAN ga leantainn*)  
Tiugainnibh, feumaidh sinn stad a chur air an duine seo agus mo nighean fhaighinn.

(*Tha AM BODACH agus AN NIGHEAN a' nochdadhbh air an stèidse a-rithist.*)

**Nighean** (*NIGHEAN a' caoidh agus a' caoineadh*)  
Leig às mi, leig às mi. Tha mi airson a dhol dhachaigh.

**Sgeulaiche** Bha an nighean a' caoidh 's a' caoineadh agus cha robh iad air a dhol fad sam bith nuair a stad am bodach agus a chuir e ann am poc' i.

**Bodach** Nach fan thu sàmhach aon mhionaid? Bidh thu nas sàmhacle anns a' phoca seo.  
(*Tha i ga cur ann am poca 's a' falbh far na stèidse.*  
*An ceann greis nochdaidh e a-rithist.*)

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

<b>Bodach</b>	(a' nochdadhbh a-rithist 's a' bruidhinn ris fhèin) Nach i a tha blàth an-diugh. Tha pathadh cianail orm. 'S math gu bheil sinn faisg air tobar. Fuirich thus' an sin gus am faigh mi deoch. <i>(Tha AM BODACH a' cur a' phoca sìos aig taobh an rathaid 's a' faighinn deoch. Fhad 's a tha e air falbh tha ATHAIR na h-ìghne agus a BRÀITHREAN a' nochdadhbh.)</i>
<b>Athair</b>	(ga togail às a' phoca) A bheil thu ceart gu leòr, a nighean? Thig thusa còmhla riomsa. Tha an duine ud às a rian. Am faic sibh na clachan an sin san dìg? Thallaibh is faighibh feadhainn 's lìonaidh sinn am poca seo leotha. <i>(Tòisichidh na BRÀITHREAN a' lionadh a' phoca le clachan.)</i>
Nighean	Tha, athair. Nach mi tha toilicht' ur faicinn!
Athair	'S math a rinn sibh, 'illean. Tiugainnibh 's teichidh sinn às an àite seo mus till e. Chan eil am bodach ud aige fhèin. <i>(Tha AM BODACH a' nochdadhbh a-rithist, a' togail a' phoca agus a' cumail air sìos an rathad mar nach do mhothaich e sìon ach an ceann greis tha e a' mothachadh cho sàmhach 's a tha an nighean.)</i>
<b>Bodach</b>	Chan eil cus agad ri ràdh a-nis, a nighean.
<b>Sgeulaiche</b>	Ach cha tuirt am poca guth.
<b>Bodach</b>	(A' cur sìos a' phoca agus a' toirt suil a-steach.) Uill, uill. ( <i>a' togail nan clachan às a' phoca</i> ) Uill, uill.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Sgeulaiche**

Dh'fhàg am bodach am poca agus na clachan ann a shin agus thog e air a-rithist. Cha robh e air a dhol fad sam bith nuair a chunnaic e silean eòrna san fheur ri taobh an rathaid.

*(Tha AM BODACH a' fàgail a' phoca agus nan clachan agus a' togail air. Chan eil e a' dol fad sam bith nuair a tha e a' faicinn silean eòrna san fheur ri taobh an rathaid.)*

## **Bodach**

A ha. Seo fortan eile dhomh.

## **Sgeulaiche**

Thog am bodach an silean eòrna agus thog e air sìos an rathad.

## **A' CHRÌOCH**

---

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>